

Pàirt 1

- a. Dè tha sònraichte mu Bheinn Nibheis?
- b. Cuin a thòisich daoine air Beinn Nibheis a shreap?
- c. Cò dhiubh seo a tha fìor? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

	Bidh faisg air deich mìle neach ga sreap gach bliadhna.
	Bidh dà cheud mìle neach ga sreap gach bliadhna.
	Bidh mu cheud mìle neach ga sreap gach bliadhna.

- d. Cò bhios a' cleachdadh 'Slighe an Luchd-Turais? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

	Luchd-turais nach eil cleachdte ri coiseachd.
	Luchd-coiseachd.
	Daoine air eich.

- e. Ainmich aon de na cur-seachadan eile (a bharrachd air coiseachd) ris am bi daoine air Beinn Nibheis?

2

1

1

1

1

Pàirt 2

- a. Cò bha uaireigin a' fuireach ann an togalach air mullach Beinn Nibheis? 1
- b. Dè bhiodh iad a' dèanamh an sin? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa? 1

	A' cumail sùil air an t-sìde.
	A' craoladh fiosrachadh mun t-sìde.
	A' cruinneachadh fiosrachadh sìde.

- c. Cò na daoine dom bheil am fasgadh air mullach na beinne? 2
- d. Carson a tha droch shìde tric air Beinn Nibheis? 2
- e. Dè tha air a ràdh mu shneachd air mullach na beinne? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa? 1

	Bidh sneachd a' tuiteam air fad na bliadhna.
	Bidh sneachd domhainn aig a' mhullach.
	Bidh sneachd air, eadhon anns an t-samhradh.

Pàirt 3

- a. Dè cho fada 's a chithear bho mhullach Beinn Nibheis aig amannan?
- b. Dè bhios a' tachairt air a' bheinn gach bliadhna?
- c. Dè a' chomhairle a tha aig Ealasaid Nic-a-Phì? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

1

1

2

	Gun tuig daoine na cunnartan a bhios romhpa air a' bheinn.
	Gun toir iad fòn-làimh leotha.
	Gum bi na stuthan ceart aca.
	Nach coisich neach sam bith leis fhèin.

An earrann gu lèir

Smaoinich air an earrainn air fad.

- a. Cò dha a tha an earrann seo? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

2

	Daoine a tha air Beinn Nibheis a shreap mu thràth.
	Daoine a tha a' fuireach anns a' Ghearasdan.
	Daoine a tha a' tadhal air a' Ghearasdan.
	Daoine a tha a' beachdachadh air Beinn Nibheis a shreap.

- b. Dè an seòrsa earrainn a tha seo?

1

	Earrann phearsanta.
	Earrann fhiosrachail.
	Earrann bheachdail.

20